

Dè tha ann an tinneasan Ehlers Danlos?

Tha siondraman Ehlers-Danlos nam buidheann de thinneasan ginteil air na maothrain cheanglach le comharraidhean aig a bheil buaidh air a' bhodhaig gu lèir.

Tha dùbhlain fa chomhair slàinte bodhaig is inntinn nan daoine a tha fo bhuaidh EDS. Tha na comharraidhean farsaing agus faodaidh iad a bhith nan ciorram. Tha aon de na seòrsaichean as teirce a' lùghdachadh dùil-bheatha gu mòr. Tha na comharraidhean aig tinneasan HSD coltach ris an t-seòrsa as bitheanta de shiondram Ehlers-Danlos, an seòrsa haidhpear-mòibil. 'S dòcha gu bheil daoine aig a bheil diagnos HSD an-diugh a bhathar am beachd bho shean gun robh siondram Ehlers-Danlos orra.

13
seòrsaichean

Tha siondraman Ehlers-Danlos (EDS) air an roinn nan 13 seòrsaichean, is tha 12 dhiubh tearc.

Tha Hypermobile EDS (hEDS) mòran nas bitheanta na bhathar am beachd roimhe.

10
bliadhna

Sa chumantas, tha e a' toirt deich bliadhna san RA gus diagnos fhaighinn

Faodaidh siondraman Ehlers-Danlos a bhith doirbh aithneachadh le comharraidhean a thèid iomrallachadh airson tinneasan eile.

Eachdraidh
teaghlach agus
gintinneachd



Is e tinneasan ginteil a th' ann an siondraman Ehlers-Danlos, mar sin, dh'fhaodadh iad a bhith air an sìneadh a-nuas don chloinn.

Tha teansa 25%-75% ann gun tèid an tinneas a shìneadh a-nuas don chloinn, a rèir dè an seòrsa.

Is urrainn EDS a bhith air cuideigin gun eachdraidh san teaghlach. Chan eil deuchainn ghinteil ann airson hEDS.



EDSUK

Comharraidhean

Tha na comharraidhean a leanas an lùib nan seòrsaichean as bitheanta:

Cor sgithichte

Cràdh leantalach

Duilgheadas le riaghladh bruthadh-fala


Trioblaidean caolain, innidh agus aotramain

Buill às àite am broinn na bodhaig

Craiceann lag, so-shinte a bhriseas gu soirbh

Altan fuasgailte a thèid cur as àite gu soirbh

Tha sanasan agus comharraidhean àraidh a bharrachd aig na seòrsaichean as teirce.



Taic

Is e Ehlers Danlos Support UK guth coimhearsnachd EDS is HSD san RA. Tha sinn a' toirt daoine le EDS is HSD còmhla san RA gus am faigh iad cothrom co-ionann air diagnos, leigheas is cùram. Thathar a' dèanamh seo le:

Mothalachd: Tha sinn a' moladh is a' toirt comas dar coimhearsnachd air cùisean atharrachadh. Tha sinn a' togail an guthan 's ag obair an lùib an NHS air feadh na RA airson seirbheisean so-ruigsinn do na h-uile. **Taic:** Tha sinn a' tabhann ùrlar a chumas taic is a cheanglas ar coimhearsnachd. Tha sinn a' liubhairt fiosrachadh is comhairle mu bhith tighinn beò le EDS agus HSD. **Eòlas:** Tha sinn a' meudachadh eòlas le fiosrachadh, trèanadh is rannsachadh. Tha sinn a' cur aghaidh air mì-thuigse agus a' toirt dùbhlain do neo-ionannachd.

Fònaibh chun loidhne-comhairleachaidh **0800 907 8518** no post-d **advice@ehlers-danlos.uk**

Leanaibh sinn air



@ehlersdanlosuk



@ehlersdanlossupportuk

Tadhlaibh oirnn aig **ehlers-danlos.uk**

*S e Ehlers-Danlos Support UK Buidheann-carthannais clàraichte ann an Sasainn sa Chuimrigh (1157027) agus an Alba (SC046712).
Àireamh Companaidh Clàraichte 8924646. Seòladh Clàraichte: EDS UK, International House, 66 Lavender Hill, London, SW11 5RQ

Gàidhlig/
Gaelic